

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

Total

--

1220/29/01

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2012

DIHAOINE, 11 CÈITEAN
9.55 AM – 10.35 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Leughadh

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2012

FRIDAY, 11 MAY
9.55 AM – 10.35 AM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
GENERAL
READING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Leugh gach pàirt den earrainn gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN

Pàirt 1

“Agus cuimhnichibh gum bi sinn a’ sgrìobhadh mun eòlas-obrach agaibh nuair a thilleas sibh. Tron t-seachdain dèanaibh cinnteach gun sgrìobh sibh notaichean anns na leabhraichean agaibh mu na rudan a tha sibh a’ dèanamh.” B’ iad seo na faclan mu dheireadh a chuala Iain mus do dh’fhàg e an clas agus làn fhios aige nach robh aige ri bhith ann a-rithist airson seachdain. Shaoil Iain gur e tidsear cruaidh a bh’ ann am Mgr MacLeòid agus gun robh e buailteach a bhith a’ toirt tòrr obair-dachaigh don chlas – rud nach robh a’ còrdadh ri Iain idir.

Bha gràin aig Iain air an sgoil agus gu h-àraidh air a bhith a’ sgrìobhadh aiste airson Mgr MacLeòid. Ach, cha robh cus ùidh aige ann an eòlas-obrach a bharrachd agus bha uabhas air nuair a chunnaic e na taghaidhean a bha air a bheulaibh. “Chan eil mise airson a bhith anns an sgoil ach aig an aon àm chan eil mi ag iarraidh a bhith ag obair ro chruaidh,” smaoinich e.

Co-dhiù, thagh e seachdain còmhla ri Calum a bha na chlachair. Bha e eòlach gu leòr air Calum, co-ogha athar a bha a’ fuireach mìle bhupa. Mar sin shaoil Iain nach bitheadh an obair ro dhoirbh, gum faigheadh e deagh ionnsachadh bho Chalum agus gum bitheadh e ag obair a-muigh.

Oidhche Shathairne, dh’fhòn e Calum airson faighinn a-mach dè an t-aodach a dh’fheumadh e agus dè an uair a dh’fheumadh e tòiseachadh Diluain. “S tu fhèin a th’ ann Iain. Chan urrainn dhomh bruidhinn an-dràsta tha eagal orm; tha mi air mo rathad a-mach airson biadh ach chì mi thu aig cairteal gu seachd madainn Diluain. Tìoraidh!” Cha b’ urrainn do Iain an rud a chuala e a chreidsinn. Bha e deimhinne gun robh Calum an-còmhnaidh a’ tòiseachadh aig naoi gach madainn.

Madainn Diluain, dhùisg Iain aig leth uair an dèidh sia. “Ciamar a tha mi a’ dol a dhèanamh seo fad na seachdain?” shaoil e ’s e ag èirigh san dorchadas. Ghabh e a bracaist gu h-aithghearr agus leum e air a bhaidhsagal. Bha an t-uisge ann agus bha e bog fliuch nuair a ràinig e taigh Chalum. Bha Calum fhèin na sheasamh ri taobh na bhan le gruaim air aodann ’s e a’ coimhead air an uaireadair aige. “Greas ort! Tha thu fadalach – feumaidh tu èirigh nas tràithe, chan eil thu anns an sgoil a-nis. Tha gu leòr ri dhèanamh an-diugh.”

“Obh Obh. Dè fo ghrian a tha mi air a thaghadh an seo?” smaoinich Iain ’s e a’ leum a-steach don bhan.

Comharraidhean

CEISTEAN

1. (a) Dè bha an tidsear ag iarraidh gun dèanadh na sgoilearan nuair a thilleadh iad don sgoil?

_____ 1

- (b) Dè na rudan a bha e ag iarraidh orra a dhèanamh fhad 's a bha iad air eòlas-obrach?

_____ 2

2. Dè am beachd a bha aig Iain air Mgr MacLeòid?

_____ 2

3. (a) Dè am beachd a bha aig Iain air eòlas-obrach?

_____ 1

- (b) Carson a bha sin?

_____ 2

4. (a) Ciamar a bha Iain eòlach air Calum?

_____ 2

- (b) Dè na h-adhbharan a bha aige airson Calum a thaghadh?

_____ 3

[Tha ceistean 5, 6, 7, agus 8 air duilleag a ceithir

Comharraidhean

5. (a) Carson a dh'fhòn Iain gu Calum?

2

(b) Carson nach b' urrainn do Chalum bruidhinn ris?

Bha e a' draibheadh	
Bha e a' dol a-mach airson biadh	
Bha e a' bruidhinn ri cuideigin eile	

1

6. Dè chuala Iain bho Chalum a chuir uabhas air?

1

7. Dè a' chiad smuain a bha aig Iain nuair a dhùisg e madainn Diluain?

1

8. Dè an dà rud a tha a' sealltainn nach robh Calum toilichte?

2

(20)

[Tha Pàirt 2 air duilleagan 5, 6 agus 7

Pàirt 2

Chuir Calum agus Iain a' chiad cheithir làithean seachad ag obair air taigh ùr. Bha Iain air a chumail trang a' faighinn rudan a dh'iarradh Calum bhon bhan agus a' sgioblachadh an àird às a dhèidh. Bha na h-uairean gu math fada agus bha e a' faireachdainn gu math sgìth agus acrach gach oidhche.

“A bheil sinn ag obair air an taigh an-diugh?” dh'fhaighnich Iain air an latha mu dheireadh aige. “O chan eil an-diugh,” fhreagair Calum. “Tha sinn a' dol a chàradh seann bhalla aig mullach Beinn Mhòr.”

Ràinig iad bonn na beinne. Chuir iad an stuth a dh'fheumadh iad ann an dà mhàileid mhòir a chuir iad air an dromannan agus thòisich iad a' coiseachd suas a' bheinn. Ann an ùine ghoirid bha druim agus casan Iain a' faireachdainn goirt oir ged a bha e luath gu leòr air an raon ball-coise, cha robh e idir cleachdte ri coiseachd sna beanntan. Bha fallas air cuideachd oir bha a' ghrian air tighinn a-mach agus bha e a' feuchainn ri cumail suas ri Calum.

Nuair a ràinig iad am mullach dh'iarr Calum air Iain clachan a chruinneachadh. Bha pìosan den bhalla air tuiteam agus bha na clachan nan laighe thall 's a-bhos air an talamh. Às dèidh greis bha a ghàirdeanan goirt oir bha cuid de na clachan glè throm. Cha robh inntinn Iain gu tur air an obair agus thuit tè de na clachan às a làmhan. Cha mhòr nach do bhuail i air a chois. 'S esan a bha fiadhaich.

Aig àm dinnearach bha Calum ag innse do Iain gun robh còrr air ceud bliadhna bho chaidh am balla a thogail. B' ann an uair sin a chaidh croitean a chruthachadh san sgìre agus b' e an t-uachdaran a thog am balla airson caoraich agus crodh nan croitearan a chumail air an fhearann aca fhèin. Cha robh e airson gum faigheadh iad a-mach don mhonadh far an robh na fèidh a bhiodh e fhèin a' sealg.

Nuair a bha iad deiseil airson an latha, sgioblaich iad suas a h-uile càil agus choisich iad sìos a' bheinn. Thuirt Calum gun robh e gu math toilichte leis an obair a rinn Iain agus gun toireadh e obair dha nan robh e ga iarraidh nuair a dh'fhàgadh e an sgoil.

Nuair a thill Iain air ais don sgoil Diluain bha e a' smaoinichadh air ais air an t-seachdain eòlas-obrach aige. Bha e a-nis den bheachd nach robh Mgr MacLeòid no an sgoil buileach cho dona 's a bha e an dùil.

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Dè an seòrsa rudan a bha Iain a' dèanamh air a' chiad cheithir làithean?

2

2. Ciamar a bha e a' faireachdainn gach oidhche?

2

3. Dè bha iad a' dol a dhèanamh air a' chòigeamh latha?

2

4. Carson a bha druim agus casan Iain goirt?

2

5. Carson a bha fallas air Iain?

2

6. Dè bha aig Iain ri dhèanamh?

1

7. Dè an staid anns an robh am balla?

2

[Tha ceistean 8, 9, 10 agus 11 air duilleag a seachd

Comharraidhean

8. Dè thachair a chionn nach robh aire Iain air an obair?

_____ 1

9. Cuin a chaidh am balla a thogail?

_____ 1

10. (a) Cò thog am balla?

_____ 1

(b) Carson a rinn e sin?

_____ 2

11. Dè thuirte Calum aig deireadh an latha?

_____ 2

(20)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

Total
Mark

--

1220/29/02

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2012

DIHAOINE, 11 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2012

FRIDAY, 11 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
GENERAL
LISTENING

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Earrann A

Èist ris an earrainn.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an dà phàirt, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Earrann B

Cluinnidh tu an earrann dà thuras.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Earrann A

Pàirt I

1. (a) Carson a tha muinntir an taigh-sholais toilichte?

_____ 1

- (b) Dè tha air innse mun àite anns a bheil an taigh-solais?

tha e glè thrang	
tha e bòidheach	
tha e fada bho bhailtean	

1

2. Cò mu dheidhinn a chluinneas an luchd-tadhail an toiseach?

_____ 1

3. (a) Cò dha a bha an sgìre seo cunnartach?

_____ 3

- (b) Dè thachair anns na caogad bliadhna ro 1893?

_____ 1

- (c) Dè a' bhuaidh a tha air a bhith aig an taigh-sholais?

_____ 2

4. (a) Dè an obair shònraichte a bha aig Anndra MacPhàil?

_____ 2

- (b) Cò eile a bha a' fuireach anns an taigh-sholais aig an àm sin?

_____ 1

Comharraidhean

Pàirt II

5. (a) Dè an tachartas a chuir stad air an t-solas bho bhith air a lasadh?

1

(b) Carson a bha sin?

2

6. (a) Carson a dh'fhàg Iain MacPhàrlain an taigh-solais?

cha robh feum air duine tuilleadh	
bha e air fàs aosta	
cha robh feum air an taigh-sholais	

1

(b) Ciamar a bha feadhainn a' faireachdainn nuair a dh'fhàg Iain MacPhàrlain?

1

7. Dè a' bhuaidh a tha aig an t-sìde air an àite aig àmannan?

2

8. Carson a tha cruaidh fheum air an taigh-sholais?

3

(22)

[Tionndaidh an duilleag

Earrann B

1. Ainmich dà rud a tha fìor mun taigh-sholais an-diugh.

2

2. (a) Dè cho fada air falbh 's a chithear an solas?

1

- (b) Cuin a ghabhas an solas fhaicinn?

1

3. Dè tha air a' chiad làr?

2

4. Dè na goireasan a tha air an dàrna làr?

2

5. (a) Dè tha air innse mu na seòmraichean-cadail?

1

- (b) Ciamar a tha an treas làr air a chleachdadh aig àmannan sònraichte?

1

- (c) Cò dha a bhiodh an t-àite seo tarraingeach?

2

Comharraidhean

6. (a) Dè chaidh a chumail san taigh-sholais an-uiridh?

_____ 1

(b) Dè an t-àite san taigh-sholais san deach seo a chumail?

_____ 1

7. (a) Dè rinn buidheann shreapadairean am-bliadhna?

_____ 1

(b) Carson a rinn iad sin?

_____ 2

(c) Dè an t-suim airgid a chruinnich iad?

_____ 1

(18)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/29/12

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2012

DIHAOINE, 11 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PM

NATIONAL
QUALIFICATIONS
2012

FRIDAY, 11 MAY
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Earrann)

GÀIDHLIG
STANDARD GRADE
GENERAL
LISTENING TRANSCRIPT

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN A

Tha *Taigh-solais Rubha na Creige* fosgailte do luchd-tadhail. Cluinnidh iad seo beagan fiosrachaidh mu dheidhinn an taigh-sholais an dèidh dhaibh a thighinn a-steach dhan togalach.

Pàirt I

Fàilte oirbh gu *Taigh-solais Rubha na Creige*. Tha sinn air leth toilichte gu bheil sibh air a thighinn chun na sgìre iomallaich a tha seo. An dèidh beagan ùine a chur seachad an seo, tha sinn cinnteach gum bi sibh glè thoilichte gun tàinig sibh.

Anns a' chiad àite - beagan eachdraidh mun taigh-sholais. Bha oirthir na sgìre seo a-riamh air leth cunnartach do sheòladairean a bhitheadh a' dèanamh an slighe eadar tir-mòr na h-Alba agus na h-eileanan. Tha eachdraidh ag innse dhuinn gun deach fichead bàta air na sgeirean anns a' chaogad bliadhna mus deach an taigh-solais a thogail ann an 1893. Tha sinn taingeil a ràdh ge-tà gu bheil buaidh an taigh-sholais air a bhith follaiseach thar nam bliadhnachan. Bhon a thogadh an taigh-solais chun an latha an-diugh cha deach ach aon bhàta a chall san sgìre seo.

'S e Anndra MacPhàil a' chiad neach a fhuair obair ann an *Taigh-solais Rubha na Creige*. Bha uallach air an solas a lasadh gach latha mus tigeadh an dorchadas. Bha a theaghlach a' fuireach còmhla ris anns an taigh-sholais agus chì sibh fhathast na rùmannan anns am bitheadh iad uaireigin a' cadal.

Pàirt II

Bhon chiad oidhche a chaidh *Taigh-solais Rubha na Creige* a chur gu feum, 's e glè bheag de dh'oidhcheannan nach deach an solas a lasadh. Cha deach an solas a chur thuige aig àmnanan tro bhliadhnachan an dàrna cogaidh nuair a bhathas den bheachd gun robh plèanaichean an nàmhaid faisg.

Dh'atharraich cùisean gu mòr anns an taigh-sholais ann an 1976 nuair a dh'fhàg Iain MacPhàrlain, an neach mu dheireadh a bha a' fuireach ann gus an solas obrachadh. Bha teicneòlas air adhartas mòr a dhèanamh agus cha robh tuilleadh feum air neach-obrach a bhith an làthair. Bha cuid duilich mun seo ach 's e glè bheag de dhaoine a bha deònach a bhith ag obair ann an àite a tha cho iomallach agus cho fosgailte dhan t-side. 'S tric a tha latha cho fiadhaich ann 's nach eil e sàbhailte a dhol a-mach às an togalach.

A dh'aindeoin sin, tha *Taigh-solais Rubha na Creige* fhathast ga obrachadh — acoiltach ri iomadh taigh-solais eile air feadh na Rìoghachd Aonaichte. Ged a tha ràdar agus iomadach inneal air bòrd bhàtaichean san latha an-diugh, tha fhathast cruaidh fheum air an taigh-sholais seo. Tha a' mhuir a tha mar coinneamh cho cunnartach ri uisge sam bith eile a tha mun cuairt air Alba.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I and II and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Fàilte oirbh gu *Taigh-solais Rubha na Creige*. Tha sinn air leth toilichte gu bheil sibh air a thighinn chun na sgìre iomallaich a tha seo. An dèidh beagan ùine a chur seachad an seo, tha sinn cinnteach gum bi sibh glè thoilichte gun tàinig sibh.

Anns a' chiad àite - beagan eachdraidh mun taigh-sholais. Bha oirthir na sgìre seo a-riamh air leth cunnartach do sheòladairean a bhitheadh a' dèanamh an slighe eadar tir-mòr na h-Alba agus na h-eileanan. Tha eachdraidh ag innse dhuinn gun deach fichead bàta air na sgeirean anns a' chaogad bliadhna mus deach an taigh-solais a thogail ann an 1893. Tha sinn taingeil a ràdh ge-tà gu bheil buaidh an taigh-sholais air a bhith follaiseach thar nam bliadhnachan. Bhon a thogadh an taigh-solais chun an latha an-diugh cha deach ach aon bhàta a chall san sgìre seo.

'S e Anndra MacPhàil a' chiad neach a fhuair obair ann an *Taigh-solais Rubha na Creige*. Bha uallach air an solas a lasadh gach latha mus tigeadh an dorchadas. Bha a theaghlach a' fuireach còmhla ris anns an taigh-sholais agus chì sibh fhathast na rùmannan anns am bitheadh iad uaireigin a' cadal.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. (a) Carson a tha muinntir an taigh-sholais toilichte?
(30 seconds)

(b) Dè tha air innse mun àite anns a bheil an taigh-solais?
tha e glè thrang, *no*
tha e bòidheach, *no*
tha e fada bho bhailtean
(30 seconds)
2. Cò mu dheidhinn a chluinneas an luchd-tadhail an toiseach?
(30 seconds)
3. (a) Cò dha a bha an sgìre seo cunnartach?
(30 seconds)

(b) Dè thachair anns na caogad bliadhna ro 1893?
(30 seconds)

(c) Dè a' bhuaidh a tha air a bhith aig an taigh-sholais?
(30 seconds)
4. (a) Dè an obair shònraichte a bha aig Anndra MacPhàil?
(30 seconds)

(b) Cò eile a bha a' fuireach anns an taigh-sholais aig an àm sin?
(30 seconds)

Pàirt II

Bhon chiad oidhche a chaidh *Taigh-solais Rubha na Creige* a chur gu feum, 's e glè bheag de dh'oidhcheannan nach deach an solas a lasadh. Cha deach an solas a chur thuige aig àmanna tro bhliadhnachan an dàrna cogaidh nuair a bhathas den bheachd gun robh plèanaichean an nàmhaid faisg.

Dh'atharraich cùisean gu mòr anns an taigh-sholais ann an 1976 nuair a dh'fhàg Iain MacPhàrlain, an neach mu dheireadh a bha a' fuireach ann gus an solas obrachadh. Bha teicneòlas air adhartas mòr a dhèanamh agus cha robh tuilleadh feum air neach-obrach a bhith an làthair. Bha cuid duilich mun seo ach 's e glè bheag de dhaoine a bha deònach a bhith ag obair ann an àite a tha cho iomallach agus cho fosgailte dhan t-sìde. 'S tric a tha latha cho fiadhaich ann 's nach eil e sàbhailte a dhol a-mach às an togalach.

A dh'aindeoin sin, tha *Taigh-solais Rubha na Creige* fhathast ga obrachadh — acoiltach ri iomadh taigh-solais eile air feadh na Rìoghachd Aonaichte. Ged a tha ràdar agus iomadach inneal air bòrd bhàtaichean san latha an-diugh, tha fhathast cruaidh fheum air an taigh-sholais seo. Tha a' mhuir a tha mar coinneamh cho cunnartach ri uisge sam bith eile a tha mun cuairt air Alba.

(10 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

5. (a) Dè an tachartas a chuir stad air an t-solas bho bhith air a lasadh?
(30 seconds)
- (b) Carson a bha sin?
(30 seconds)
6. (a) Carson a dh'fhàg Iain MacPhàrlain an taigh-solais?
cha robh feum air duine tuilleadh, *no*
bha e air fàs aosta, *no*
cha robh feum air an taigh-sholais
(30 seconds)
- (b) Ciamar a bha feadhainn a' faireachdainn nuair a dh'fhàg Iain MacPhàrlain?
(30 seconds)
7. Dè a' bhuaidh a tha aig an t-sìde air an àite aig àmannan?
(30 seconds)
8. Carson a tha cruaidh fheum air an taigh-sholais?
(30 seconds)

Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN B

Tha am fiosrachadh mu *Thaigh-solais Rubha na Creige* a' leantainn:

Ged nach eil neach a' fuireach anns an taigh-sholais gus an solas obrachadh, cha robh an togalach a-riamh cho trang 's a tha e san latha an-diugh.

Mar a chuala sibh, tha an solas fhathast a' deàlradh agus chithear e ceud mìle air falbh air oidhche shoilleir, chiùin. Ach tha *Taigh-solais Rubha na Creige* a-nis ainmeil airson iomadh adhbhar eile. Tha sibh fhèin an-dràsta air a' chiad làr far a bheil fiosrachadh mu dheidhinn eachdraidh an taigh-sholais. Shuas air an dàrna làr, tha taigh-bìdh àlainn agus bùth bheag.

Air an treas làr, chithear na seòmraichean-cadail mar a bha iad o chionn ceud bliadhna. Tha an làr seo ri fhaighinn air mhàl aig àmanna sònraichte den bhliadhna agus faodaidh suas ri ochdnar fuireach an seo airson seachdain. Chan eil am màl saor ach 's e glè bheag de dh'àiteachan ann an Alba a tha cho tarraingeach do luchd-turais a tha ag iarraidh àite a tha uile gu lèir eadar-dhealaichte. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun chothrom seo air a' bhalla anns an rùm seo fhèin.

An-dràsta 's a-rithist, tha an taigh-solais air a chleachdadh ann an dòighean gu math an-àbhaisteach. An-uiridh bha pòsadh air a chumail shuas ri taobh an t-solais mhòir. Am-bliadhna, shreap buidheann de shreapadairean sìos cliathaich an taigh-sholais. Rinn iad sin airson taic a thoirt do obair nam maor-cladaich agus chaidh mu dheich mìle not a chruinneachadh.

Uile gu lèir, tha deagh fheum air a dhèanamh fhathast de *Thaigh-solais Rubha na Creige* agus thathas an dòchas gun còrd e ribh gu mòr a bhith a' coimhead mun cuairt air agus a bhith a' faighinn barrachd a-mach mu dheidhinn.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]